

**Coinneamh:** Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan  
**Ceann-là/Àm:** 10 Sultain 2024 aig 09.30  
**Càite:** Microsoft Teams

## Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

### 1. Cùisean Tòiseachaidh

#### 1.1. Fàilte is Leisgeulan

**Buill Comataidh an Làthair:**

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]

Dòmhnall MacAoidh [DMA]

John N Dòmhnallach [JND]

**A' Frithealadh:**

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH]

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra [NP]

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh na geàrr-chunntais [OND]

**Leisgeulan:**

Michelle NicLeòid [MNL]

#### 1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

Cha robh gin ann.

#### 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

### 2. Ionmhas

#### 2.1. Aithisg Ionmhas

Thug NP iomradh air an aithisg, a' toirt fa-near gun robh cosgaisean aig deireadh an Iuchair £37k air cùl a' bhuidseit. Ach bhathar an dùil ri cosgais iomlan den bhuidseit bhliadhnail agus bha seo ri fhaicinn anns na geallaidhean agus an cleachdadh bliadhnail ris an robh dùil, a tha air a chleachdadh airson cosgaisean a chaidh a shònrachadh do raon sònraichte de chosgais.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near ris an Aithisg Ionmhas.

### 3. Cleachdadh

#### 3.1. Fios mu Lionra Oifigearan Gàidhlig

Thug IMM iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear agus na beachdan airson gluasad air adhart leis an lionra. Thugadh fios gur e an duilgheadas gu mòr nach biodh a h-uile oifigear an làthair aig coinneamhan den lionra agus am buaidh a bhios seo a' toirt air obair an lionra agus oifigearan. Thugadh fios gu bheil e cudromach an lionra cumail a' dol, agus gum bi e cudromach faighinn a-mach carson nach eil cuid de na h-oifigearan a' dol gu na coinneamhan.

Thog Buill cho cudromach 's a tha buidhnean den leithid airson daoine a tha ag obair ann an dreuchdan den leithid agus gur e stòras beartach a th' ann do iomadach dhaoine air obair a tha dol anns na coimhearsnachdan Gàidhlig. Chaidh beachdachadh air mar a b' urrainnear na coinneamhan a lìbhrigeadh ann an dòigh èifeachdach, san t-suidheachadh gum biodh a h-uile oifigear a' frithealadh.

Dh'fhaighnich Buill mun obair a th' aig an neach-obrach Bòrd na Gàidhlig a tha a' gabhail uallach airson an lionra agus a bheil tuilleadh ghoireasan a dhìth. Thug IMM fios air dè seòrsa obrach a tha an lùib a bhith a' stiùireadh nan coinneamhan seo. Bheachdaich Buill cuideachd air dòighean a b' urrainn do na h-oifigearan fhèin a bhith toirt uallach airson ullachadh don na coinneamhan. Bha Buill a moladh gum biodh cathraiche na Lionra a tighinn bho measg nan oifigearan fhèin agus gu robh beachd aca gum biodh seo a neartachadh a Lionra. Dh'aontaich IMM ris a seo.

Thug IMM fios gun robh e den bheachd gur e trioblaid as motha nach eil tuigse aig cuid dè an diofar eadar an sgeama oifigearan agus an lionra oifigearan agus thugadh fios air an duilgheadasan a bhios ag èirigh bhon mì-thuigse seo. Thug an Ceannard fios gu bheil den bheachd gu bheil cothroman mòr ag èirigh bho lionra seo agus beachd air mar as urrainnear seo toirt gu buil.

Gnìomhan:

Suirbhidh a dhèanamh le com-pàirtichean gus beachdan fhaighinn air an t-slighe air adhart leis an lìonra.

Rannsachadh a dhèanamh air modal ùr anns an gabh com-pàirtichean barrachd uallach airson stiùireadh na buidhne agus le Bòrd na Gàidhlig ann mar taic rianachd agus riaghlaidh mar a tha iomchaidh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh mun Lìonra Oifigearan Gàidhlig.

**3.2. Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear**

Thug IMM fios do Bhuill air a' phròiseas airson faighinn don ìre seo den Phlana agus an t-adhartas a rinnear sa chiad eagan. Chaidh measadh a dhèanamh air an dreachd phlana seo le Bòrd na Gàidhlig agus ghabh a' Chomhairle ris na molaidhean. Thugadh fios gu robh oifigearan leis an robhar ag obair taiceil agus gu robh iad ag aithneachadh an obair a rinnear gus am Plana fhaighinn dhan ìre seo agus mhol e gus taic a chur ris a' Phlana.

Thug Buill beachd air an ìre de adhartas a rinn a' Chomhairle, a' toirt a-steach far an do thòisich iad agus an ìre de dh'obair a tha fhathast ri dhèanamh san sgìre. Thogadh cuideachd gu robh e follaiseach gu robh iad a' faicinn an luach anns a' Ghàidhlig.

Chaidh a thogail air an t-suirbhidh a chaidh a chumail agus cho cudromach 's a tha an àireamh de dhaoine a ghabh pàirt agus a' bhuidhe a tha seo a' toirt air freagairtean.

Thog Buill gu robh cuid de na cinn-là son amasan air a' dhol seachad agus thog IMM fios air conaltradh a bh' aca leis a' Chomhairle mun phuuing seo agus na h-adhbharan air cùlaibh nan ceann-là seo.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ri Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear mar a chaidh a thaisbeanadh.

#### 4. Ionnsachadh

##### 4.1. Fios as ùr air Foghlam

Thug JNH iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear, na mheasg fios air freagairtean air co-chomhairleachaidhean a chaidh a-steach, trusadh is taic do thidsearan, tràth-bhliadhnaichean, obair com-pàirteachas agus ùghdarrasan ionadail.

Chur Buill taic ris an obair a tha ga dhèanamh agus chur iad cudrom air a' bhuidheachd a th' ann nuair a tha a' Ghàidhlig air a stèidheachadh ann am poileasaidhean agus bilean bhon chiad dol a-mach.

Thog Buill gu bheil an aithisg seo feumail airson sùil fhaighinn air an obair a tha dol air adhart ann an co-theacs foghlam Gàidhlig.

##### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh air foghlam.

#### 5. Cùisean HR

##### 5.1. Poileasaidhean HR

##### **Poileasaidh Chùisean Gearain**

Thug KNG fios gun deach atharraichean a dhèanamh dhan briathrachas.

Thog Buill nach robh atharraichean air an comharrachadh agus gu robh iad airson seo fhaicinn mus toir iad aonta don phoileasaidh. Dh'aontaich KNG ri lethbhreac as ùr a' sgaoileadh agus dèanamh cinnteach gu bheil atharraichean soilleir anns na poileasaidhean a' dol air adhart.

##### Gnìomh:

KNG ri lethbhreac leis na atharraichean air an comharrachadh a' sgaoileadh do Bhuill air post-d airson aontachadh.

Co-dhùnadh:

Cha do dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh aig a' choinneimh. Chaidh lethbhreac as ùr a' sgaoileadh do Bhuill air 11 Sultain 2024 agus chaidh aontachadh ris an lethbhreac seo.

**Poileasaidh Trusaidh**

Thug KNG fios gun deach co-dhùnadh a dèanamh gus naoi mìosan pròbhaidh a chumail, leis gur e seo a tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh.

Dh'fhaighnich Buill mun aonadh a tha aithnichte aig Bòrd na Gàidhlig agus thug an Ceannard fios dhaibh air seo.

Co-dhùnadh:

Cha do dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh aig a' choinneimh. Chaidh lethbhreac as ùr a' sgaoileadh do Bhuill air 11 Sultain 2024 agus chaidh aontachadh ris an lethbhreac seo.

**6. Deagh Riaghladh**

**6.1. Èifeachdas na Comataidh**

Thug an Ceannard taing do Bhuill airson na freagairtean cuideachail aca. Thugadh fios air buannachdan agus chothroman a chaidh a thogail agus mar a thèid air adhart leis na beachdan seo.

Gnìomh

Coinneamh eadar ED agus SC airson clàr-ama a chruthachadh son gnìomhan bhon ceisteachan agus bheir ED fios as ùr aig an ath choinneimh Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan san Samhain.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an fhiosrachadh sa phàipear.

## **7. Plana Obrach na Comataidh**

### **7.1. Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan**

Thug an Ceannard fios gu Buill gu robh buaidh air a' phlana obrach leis nach robh Plana Chorporra air aontachadh fhathast. Thugadh fios as ùr air adhartas ann am pròiseas ullachaidh a' Phlana Chorporra. Thugadh fios cuideachd gun deach an suirbhidh luchd-obrach gluasad don ath choinneimh.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an fhiosrachadh sa phàipear.

## **8. GISBE**

Ceann-là na h-ath choinneimh: 05/11/2024

**Dùnadh na seisean**